# BLÀTH NA'N RAON.

Translated by J. C.

A bhlàth na'n raon! ged is ailli na'n sgeimh,
Blàthan a ghàrāij sibhse b'annsa leam fhein,
Tha sibh g' aiseag dhomh samhraineau m' oig,
'Nuair bha aoibhneas air aghaidh an t-saoghail mun cuairt,
Sa bha buidheagan 's neoineanan comhdach na'm bruach,
A fàs air shnuadh airgid 'us òir.

Is tàgh leam sibh chionn a bhi tarruinn am chuimhne
Beanntai liaghorm arda na Gailtachd 's a h-uillt,
Agus reidhleanan cubhrai na'n cluan,
Far am faicinn am fiadh astar cian uam sa ghrein,
San a chluinninn an calaman air bharra na'n geug,
Ri durdail throm a bu chianala fuaim.

Cha n'eil òran na ceòl a bheir sòlas dom' chri,
Mar ni sibhse a neoineana boidheach na fri;
Tha sibh 'g innse mu laraichean uan,
Far am b'ait leam bhi tachairt ribh 's dearc air 'ur gnùis,
Nuar bheachdaich mi iongantais nàtuir an tùs,
'S bha 'ur 'n ailleachdse dùsgadh mo smuain.

Nach tig blàs ann am chri nuair a chi mi 'n t-sailchuaich;
Nach iomad seimh-lochan fior-uisg le'n innseagan uair,
Thig am chuimhne s'na duileagaibh bàit;
Nach iomad sealladh is leir dhomh san t-sobhrach sglan snuadh,
Nach iomad allt briccineach bulbhagach luath,
Sa pheasair luchag mu'm bruachaibh a dh' fhàs.

Fhiadh-bhlathan na'n raon, bha sibh ionmhuinn sna làu,
Mun d'rinn buaireas inntinn iomagain no cràdh,
Mo chaileachd a mhilleadh 's mo shnuadh;
Fàilte dhuibh fhathast ann am feasgar mo shaogh'l,
Thigh'n le taibhsean na h-oige thoirt sòlas dom' àois,
'S tha mi guidhe sibh a chinntinn air m' uaigh.